



Campbell 2. 11





AM MINISTEAR AIR "AN LAIR MHAIDE."



"Oir thoill e so, 's is airidh e  
Air peanas, agus tair;  
A bheir air fein 'bhi gul gu goirt,  
M' m faigh a chos gu lar."

FOCAL NO DHA

DO

MHUINNTIR AN EILEIN SGIATHANAICH,  
MU DHEIGHINN  
AN LEABHAIR BHREUGAICH AGUS CHEALGAICH SIN

A CHUIREADH A MACH

LE IAIN FOIRBEIS, *Ministear Sgìre Shleit,*

FO AINM

"GAL 'S NA H-EILEINEAN;"

MAILLE RI

COMHRADH EADAR TRIUIR GHAIÐHEAL, MU'N MHNISTEAR  
AGUS M'A GHRAMAR DUBAILT.

"O n' sann agad tha'n eucòir,  
Com' nach paighinn thu'n eirig do sgeoil."—DONNACHADH BAN.  
"Ach b' dh e nì's paigte na shàoil leis."—ROB DONN.

GLASGOW:

PRINTED BY ARCHD. SINCLAIR, 62 ARGYLE STREET.

MDCCLIII.

## P R E F A C E.

In the spring of last year, the Messrs Walmsley of Marple, near Manchester,—commiserating the great destitution in Skye—offered to receive into their cotton-mills, a number of young girls from Skye—that they would feed, clothe, and educate them until they would learn to earn their living by their own labour, and then would give them wages, according to their abilities. Eleven girls accepted of this offer: they were all supplied with suitable clothing and food; and free passages were provided for them to Marple, where they were received and kindly treated,—the Messrs Walmsley providing them with excellent food and clothes—had a teacher on evenings giving them lessons, and took them every Sunday to church along with other 30 or 40 English girls in their works. From the interference of John Forbes, Minister of Sleat, Skye, along with a few others, the poor girls who were so kindly treated, had plenty of food, and the prospect of soon earning 8s. or 9s. a week, were brought home to the cold and poverty-stricken island of Skye, where two of them died—it is said from the effects of a sudden change from strong, wholesome English food, to shell-fish and poor potatoes. The other girls, who, no doubt suffered much poverty during winter and spring in Skye, are now (as the reader may see from letters given at page 9) most anxious to get back to Marple, and are asking the Messrs Walmsley to send money to take them back. Mr John Forbes Minister of Sleat, having written a most calumnious and senseless Pamphlet about the Skye girls, alleging they were ill-treated in England, the following publication in Gaelic is given to the poor people of Skye to meet that charge; and also that they may know who are really their friends. A Pamphlet in English will be immediately issued, meeting, disproving, and exposing every untrue statement in Mr Forbes's ridiculous production.

## "GAL 'SNA H-EILEINEAN," &c.

CHA'N'EIL anns an Eilein Sgiathanach air fad, tha mis' an dochas, aon eile a chuireadh a mach a' leithid so do Leabhar. Tha e air a dheanamh suas do bhreugan, do chaineadh, do chomhstri, do mhi-run, do cheilg, do sgleo, agus do gach truallidheachd agus anabas a ghabhadh tional. Shlaod e leis a' chuid mhor dheth á paipeir-naigheachd salach a tha air a chur a mach le duine sgainnealach; agus a nis, feudar a radh gur h-e fein an t-amhlair a chuir anns a' phaipeir sin an truallidheachd a thug e as. "Is geal leis an fhitheach 'isean fein," agus mar sin, shlaod am Ministear ceanalta leis 'iseanan dubha fein as a' "*Ghazette*." (Litir-naigheachd)!! Thubhairt Rob Donn, gu'n robh

*"Breugan a's cuir air am faigail  
Do'n fhear is fearr talann g'an inns";*

agus gu firinneach, feudar a radh gu'n deachaidh breugan an Eilein Sgiathanaich agus breugan iomadh ait' eile 'fhagail gun tional, agus gun aithris agus an d'rinn an "t-oghdaire ainmeil" so e.

"Olc air fear an uile"—agus ma tha sin fìor, tha olc gu leoir a' feitheamh air Maighstir Iain Foirbeis. Tha firinn Dhe ag innseadh dhuinn gu bheil "na h-aingidh cosmhuil ris a' mhuir bhuairte, oir cha'n urrainn i a bhi aig fois; ach tha a h-uisgeachan a' dusgadh nios salchair agus clabair;" agus ann an aite eile, gu'm bheil iad cosmhuil ri "garbh thonnan na fairge, a sgeitheas an naire fein mar chobhar." Agus gu cinnteach is nairceach an obair ministear an leabhar so. Tha truas agam ri cor na muinntir aig an bheil esan mar fhear-teagaisg. Gun cheist sam bith dh'fheudadh an sionnach a bhi 'gleidheadh an treud ri fad nan sia mìosan a bha esan a' tional nam breug, agus a' sgrìobhadh na ceilge tha 's an obair choirbte so.

Cha b'aill leam ministear sam bith a shealg; ach tha e mar fhìachaibh orm an cealgair a rusgadh, agus beul fir nam breug a dhunadh. Cha ghleidh a' chasag dhubh n'am "*poloni*" (an cota-dion) druim a' mhinistear o'n t-slaic-smachdachaidh, agus cha saor am "*position*" (an suidheachadh) aig' e o na breugan a thionail agus a dheilbh e, a bhi air an cur air an ais gu a dhorus fein.

'S maith a tha fios aig a' chuid mhoir do mhuinntir an Eilein Sgiathanaich gur gle bheag do ghaol do na caileagan a chaidh do Shasunn a bha an com a' mhinistear; agus is maith a tha fios aca nach gnathaicheadh esan am feasd peann as an leth ged rachadh iad bas leis a' ghorta. 'Se bhuille chruaidh a thug sinu do'n ardan aige anns an leabhran a chuir sinn a mach an uiridh a dhuigs suas fearg a's droch nadur an duin' *uasail*.

Thoisich esan leis na breugan, agus chriochnaich e leis a' cheilg 's leis an t-sodal. Bha e 'sgrìobhadh litrichean gun tur agus gun iochd gu naighstirean nan caileag do Shasunn; agus an uair a chunnaic e nach deanadh sin feum, thoisich e air sgrìobhadh bhreug a's sgleo mu thimchioll nan caileag, agus mu thimchioll Mhr Fraing 'Ic Coinnich 'san Ath-leathan, agus mu'm thimchioll-sa anns a' Phaipeir-naigheachd shalach a dh'ainmich mi cheana. 'N uair chunnaic mise gu'n robh am Ministear a'm feum a chruachaidh, sgrìobh mi litir d'a ionnsuidh ag innseadh dha gu'n robh e ann an mearachd mhoir—gu'n robh na caileagan a chaidh as an Eilein Sgiathanach do Shasunn a' faotainn na h-uile ceartas—gu'n robh iad a' faighinn gu leoir do lòn 's do dh'aodach—gu'n robh am maighstirean 'n an daoin' uaisle, coir agus measail; agus gu'n robh na caileagan a' factainn

eisimpleir mhaith, agus iounsachadh maith; agus thubhairt mi ris na'n rachadh a h-aon do pharantaibh nan caileag gu *Marple* far an robh iad, gu'm paidhte an cosdas a' dol agus a' tighinn, air chul cosd bidh agus dibhe fad seachduin ann am *Marple*: ach cha rachadh aon do na parantan a dh'fhaicinn an cloinne fein ged a bha a' leithid do chothrom aca.

Bha sinn deonach fìos cinnteach fhaotainn air cor nan caileag ann am *Marple*; uime sin sgrìobh sinn a dh'ionnsuidh an Urramaich Maighstir Alasdair Munro, Ministear diadhaidh agus gle mheasail ann am baile *Mhanchester* an Sasunn. Chaidh esan a mach gu *Marple*—chunnaic e na caileagan—bha comhradh aige riutha a'm Beurla 's an Gaelig; agus bha e lan thoilichte leis an staid 's an d'fhuair e iad. 'Se fìor Ghaidheal a th'anns an Urramaich Maighstir Munro e fein: agus chi sibh anns na h-earrannan a leanas—air an toirt o a litir-san—cìod a sgrìobh e m'an timchioll:—

“Air Di-ciadain so chaidh, comhla ri caraìd o *Mhanchester* chunnaic mi'n t-aite. Fhuair mi a mach gu'n deachaidh *triuir* do na caileagan a thoirt air falbh agus gu'n d'thugadh dhachaigh iad le ughdarras am parantan agus dhaoine eile,—mar an ceudna gu'n do chaochail aon, a bha, tha e coslach a reir cunntais a cairdean, a thaobh naduir buailteach do thinneas-caitheimh. Gidheadh, 's e *fiabhirus* bu ghalar bais dith: fhuair i gach aire b'fhearr, agus gach sgìl a b' urrainn ealdhain-leighis a chomharrachadh a mach. Bha i air a h-adhlacadh le eireachdas, agus chaidh a piuthar a chur ann an deise-bhroin mar bu chubhaidh dhith. Chomharrachadh a mach dhomh *cuig-near* do na caileagan, a bha 'g obair le aireamh do mhuinntir oig eile anns an t-seomar-thachrais. Bha'n seomar mor farsuing, le fannan falainn do'n aileadh a' dol troimhe, agus le blathas cho taitneach 's a bhitheadh ann an seomar-suidhe teaghlaich. Cha robh an obair ach eutrom, a' co-sheasamh a mhaìn ann a bhi 'cur iteachan 'n an aite no 'g an atharrachadh, agus a' tathadh nan snathainnean a bhitheadh a' bristeadh. Bha caileagan an Eilein Sgiathanaich, mar bha each uile, air an deadh eideadh, agus pailteas deth, le aprain-bhroillich 'g an caitheadh os a cheann fhad 's a bhitheadh iad ag obair. An aite bhi glas-neulach agus tana, mar tha chuis gu tric ann am muillnean bhailte-mora, bha na caileagan, le'n aodannan boidheach glana, agus am falt sleamhuinn, aig cuid air a chur suas ann an linn shìoda no ann an neapaiginn mar bu mhiann leotha fein, ag amharc sult-mhor agus gruaidh-ruiteach. Chunnaic mi an t-seathadh te do na caileagan a bha n'a bu shine agus n'a bu laidire na each, ag obair anns an t-seomar-chardaidh, ionad gun teagamh a bha glan, agus aig an robh gaoth fhalainn a' dol troimhe. Tha am muileann, leis gach uile ni tha'n taice ris, do mheudachd chuimsich, agus suidhichte ann an cridhe dealbh-choslais a dh'fhaoidte a choimeas am boichead agus an caochladh seallaidh ris a' choltas-aite tha mu'n cuairt do bhaile Pheairt.

“Dh' iarr mi'n t-seisear chaileag a bhi air an toirt suas a dh'ionnsuidh an tìghe, far am bheil iad a' gabhail mu thamb agus air an cumail, a tha mu thimchioll trì cheud slat o'n mhuileann, agus mu'n astar cheudna o ionad comhnuidh an dream tha 'toirt oibre dhoibh. Tha'n aitreabh so a' co-sheasamh do dh'aireamh thighean da-ur-lair air an togail cosmhuil r'a cheile. Tha tìgh-cocaireachd ann, le goireasan iomchuidh; mar an ceudna seomar mòr far am bheil na h-igheanan uile 'gabhail am bidh, le seomraichean cadail air an lobhta os an ceann. Tha boirionnach measail, caoimhneil agus tuig-seach, mar bhean-tìghe, aig am bheil aireamh shearbhantan a' freasdal dith, ag amharc thairis air an iomlan. Bha coinneamh aig mo charaid agus ag-am fein rithe-se agus ri caileagan an Eilein Sgiathanaich 'na seomar fein. Cheasnaich mi i gu dluth m'a doigh stiuraidh agus m'a gnathachadh air a' mhuinntir a bha air a curam, agus sgrìobh mi sìos mu'n d'fhag mi'n t-aite an robh mi am sheasamh na mion-phoncan a leanas; se sin, gu'n robh na caileagan a' dol gu obair aig sia nairean—gu'n robh iad aig an am sin a' fòtainn pìos-maidne mor do dh'aran—gu bheil iad a' tighinn a stigh aig eachd gu'm biadh-maidne a tha 'co-sheasamh do dh'uiread 's a thogras iad do dh'aran cruithneachd le pinnt do'n bhainne bhliath is fearr, agus aran

a's eise, air neo im na dheigh. Aig da uair dheug tha iad a' tighinn a stigh gu an dinneir—aran agus mairt-fheoil le buntata—cor uair brot mar an ceudna—agus marag (Shasunnach) air Di-domhnuich. Gu bheil iad a' fagail a' mhuilinn gu buileach aig sia uairean; 'n uair tha iad a' faotainn *coffee* le aran a's im, agus aig naoi uairean tha iad a' gabhail d'an leapaichean,—air Di-sathairne gu bheil am muileann a' stad aig da uair,—agus gu bheil daonnan deadh-thoil aca d'am biadh. Leig a' bhean-tighe 'fhaicinn duinn samhladh d'am brogan latha seachduine agus d'an stocainean, cho maith ri'm botuinnean aodaich, agus earradh latha Sabaide, a bha air a dheanamh do *Mherinoes*, *Alpacas*, agus an leithide sin do dh'aoaichibh, uile do dheadh stuth agus air an deadh oibreachadh.

“Fhuair sinn dearbh-chinnt gu'n robh cuid do na caileagan so nach labhradh smid Bheurla ach gann 'n uair thainig iad do *Marple*—gun robh Maighstir na Sgoile Gramair am *Marple* a' feitheamh gu riaghailteach a thoirt leasan doibh gach feasgar Luain—gu bheil iad air an treorachadh do Eaglais gu h-ordail air Di-domhnuich—air feasgair Shabaid gu bheil aon do bhraithrean Mhaighstir U. agus T. Ualmslei, ball do dh'Àrd-Oilthigh Chambridge a tha 'g ullachadh air son na ministrealachd, 'g an teagasg gu caoimhneil, maille ris na caileagan eile, anns na Sgrìobtairean Naomba, 'g an treorachadh ann an cleachduinnean crabhach gu laithailteach, agus mar aon toradh maith a shruth o'n churam so uile, gu'm bruidhinn agus gu'n leubh iad Beurla meadhonach furasda. Os barr, gu bheil da fheasgar 'san t-seachdain gu tric air a thoirt dhoibh chum fuaigheil agus ceartachadh an cuid aodaich fein; agus an da n'a tri do fheasgair eile gu bheil iad ri gnothuichean beaga sam bith a chi iad iomchuidh, agus a' caitheamh an aimsire mar is fearr a thogras iad; agus mar tha iad 'g an cluich fein mar so, gu bheil iad do ghnath toilichte agus ait.

“Rannsaich mi na seomraichean-cadail. Bha iad aol-ghealaichte, gu maith fosgailteach, agus iomchuidh anns gach doigh. Tha na leapaichean agus an t-aodach-leapa urail agus glan. Bha na caileagan ag amharc, mar bha iad 'n an suidhe m'ar coineamh, anns a' chor 's am b'fhearr a b'urrainn doibh a bhith—falainn agus beothail 'n an coslas, le gnùisean aoidheil, agus aodainn sheimh, chiuin. Air dhoibh a bhi air an ceasnachadh thuir iad gun robh iad air an deadh charadh agus comhfhurtachail.

“A bharr air an aire agus air na sochairean so, faodaidh mi ainmeachadh gu bheil na Maighstirean Ualmslei a' deanamh luaghasachadh beag do dh'airgiod-poca do na caileagan, gu bhi air air a riaghladh ann an suim a reir an dichill agus an giulain, a tha iad fein a' cur am buil mar thogras iad am buill bheaga eaidh, no air dhoigh eile.

“Anns na h-uile cuid do'n uidheamachadh, tha gach dearbhadh is soilleire, cha'n e mhain air ordugh agus iomchuidheachd, ach mar an ceudna air baighealachd Chrìosdail, agus fìor chaoimhneas. Tha Ban-mhaighstir Ualmslei agus a triuir mhac, teaghlach aig nach 'eil feum sam bith air cliu uamsa, a' gabhail, cha mhor, curam mathairc anns gach ni a bhuineas, cha'n e mhain d'an cor nadurra, ach do theachd air aghart modhail, spioradail, agus ionnsuichte na muinntir oig a tha 'n an obair.”

A thuilleadh air so, bha litrichean agam o'n leigh agus o'n mhinistear a tha 'fuireach anns an aite an robh na h-igheanan, agus tha iadsan ag radh gu'n robh deadh-charadh orra—gu'n robh an leoir bidh a's dìbhe aca, agus gu'n robh iad a' faotainn ionnsachadh agus oileanachadh Chrìosdail; agus chuir sinn na litrichean so air fàd anns an leabhran a chuir sinn a mach an uiridh.

'Nis bha fios aig Maighstir Foirbeis air so uile, ach air a shon sin lean e air aghaidh 'na dhroch shlighe—'a' dusgadh suas inntinn pharantan aineolach na cloinne, an aghaidh an dream a bha 'toirt oibre dhoibh am *Marple*, an aghaidh Mhaighstir 'le Coinnich 's an Ath-leathan, agus an aghaidh-sa; agus cha do chlos e riamh agus an d'fhuair e na caileagan bochda dhach-aigh do'n Eilein Sgiathanach—agus an sin dh'fhag e iad gu dol bàs le gorta!! Cha do chuir e do dhragh air fein 'inseadh dhuinn 'na leabhar

anns am bheil ach beag ceud taobh-duilleig, ciod a tha aon do na caileagan bochda so a nis a' deanamh 's an Eilein Sgiathanach. Cha do chuir! Cha bhitheadh sin a chum a chliu. Is maith a dh'fheadas na fìor dhaoin' uaisle onorach agus measail am *Marple*, a ghabh caileagan an Eilein Sgiathanach d'an obair, sgainneil mhiosguinneach a' Mhinistear agus a luchd-comh-chomuinn nach fìu a chur an neo-shuim; agus air son Mhaghstir 'Ic Coinnich agus air mo shon fein, tha sinn ullamh gu leoir gu 'innseadh do'n Mhinistear r'a aodann, agus r'a dhearbhadh an lathair cuir-t-lagha sam bith a thogras e 'ainmeachadh, nach 'eil ann ach am *Breugaire*.

Is aithne dhuinn tus imeachd an duine bho chd so. Tha 'gghiulan an Cille-Chuimein—a ghiulan an Dun-Eidin, agus a ghiulan 'san Eilein Sgiathanach gle shoilleir m'ar coinneamh; agus gun teagamh sam bith, cha'n 'eil a "chliu 's na h-Eaglaisean" fathast.

Air son a' "Chrabbaidh" a tha anns a' "*Chonsoling Address*," (an Ear-rail Chomhfhurtachaidh) a tha 'deanamh suas cuid mhor do leabhran a' Mhinistear, tha e 'cur tamuilt air faireachduinn aon duine no mnatha anns a' Ghaidhealtachd aig am bheil suim do dhiadhachd a' leithid a thairgse dhoibh fo ainm beathachadh d'an anamaibh. Faodaidh Morair Chlann Dombhuill, agus cuid do shluagh aig am bheil gabhaltaichean chaorach, agus roinn do'n t-sluagh a tha dall agus feolmhor, a ghabhail a stigh mar Shoisgeul; ach cha mhò tha e iomchuidh gu *comhfhurtachd* a thoirt do'n chridhe bhriste, no an t-anam neo-bhasmhor a bheathachadh, na tha boitean tioram fraoich no mir do ailbhinn chreige, gus an corp a bheathachadh. Gabhaidh an duine diadhaidh grain do'n ni tha air a thairgse dha an so mar chomhfhurtachd spioradail; agus, b'e 'cheud ni a dheanadh e, an deigh a leubhadh, an "*EARAIL CHOMHFHURTACHAIDH*" a thilgeadh anns an teine, mar ni a tha, cha'n e 'mhain an-fhann, faoin, agus lan gleoramais; ach mar an ceudna mi-naomh agus lan puinnseantachd. Tha e 'ginnseadh do'n mhuinntir thruaigh, shochairach, aig taobh-duilleig 26, gu'n abair na Gaidheil, "*Is toigh leinn searmon a ruigeas an cridhe*;" agus gun teagamh dh'oidhirpich esan air a' chridhe ruigheachd, ach cha'n ann a chum a leigheas ach a chum a *reubadh*. An duine bochd! Nach 'eil fios aige nach toir "leagadh nan lamh" seachad gras, agus nach folaich casag dhubb peacadh? Nach cual e gu'm faod neach a bhi 'gabhail air creidimh a bhi aige, agus air a shon sin e bhi 'na as-creidmheach 'na *chreideimh*—gu'm faod ministear searmonachadh, agus air a shon sin 'na shearmonachadh a bhi 'deanamh fanaid air Dia agus a' puinnseanachadh anamaibh neo-bhasmhor—gu'm faod an solus a tha ann a bhi 'na dhorchadas—'inntinn a bhi gun treibhdhireas—a chridhe gun seirce—agus a choinneas gun fhirinn? Gu'm faod a sgornan a bhi mar uaigh fhosgailte—a theanga bhi 'labhairt ceilg—nimh nan natracha nimhe bhi fo 'bhilibh, agus a bheil a bhi lan do mhallachadh agus do sheirbhe?

O, Iain, Iain! 's ann agad fein a tha'm feum air searmoin a ruigeadh an cridhe dubh, salach agad. Bha thusa roimhe so 'n ad bhall do Chom-munn na Stuamaich; agus an uair a bhris thu do ghealladh measarrachd 's ann agad a bhitheadh am meas air a' ghloine a ruigeadh do chridhe! 'S tu a bhitheadh geanail—'s tu chrathadh do cheann, 's a dh'implicheadh do bhus 'nuair gheibheadh tu "*sgob as e*" do fhior Fhear-an-toish, Gleann-liobhaid, no Carbost; ach 's ann ort a bhitheadh a' ghruaim—'s tu chuireadh an t-sron fheargach ort, agus an ear crosda 'n ad bheil nan tugta dhuit *mixture* do *vitriol* (coimeasgadh do uisge-loisgeach) a's bùrn a's drogaichean eile an aite *dram glan* laidir a ruigeadh do chridhe. Iain—a ruigeadh do chridhe! A nis m'a dh'aithnicheas tusa *dram* maith, Iain, seach droch choimeasgadh (agus tha mhuinntir a tha coltach ort ag radh gu bheil thu *gasda* air sin) mar sin, aithnichidh duine diadhaidh searmoin mhait, fhala-inn, no leabhar maith, falainn, seach droch shearmoin, no droch leabhar: agus bithidh meas aige orra, oir ni iad feum d'a anam, agus ruigidh iad a chridhe; ach an droch shearmoin agus an droch leabhar tilgidh e uaithe gu builcach iad: oir, cia air bith cho seolta 's a chuireas ministirean trusgan

orra, gheibh an duine maith boladh a' phuinnsein diubh, agus tilgidh e uaithe iad mar gu'm b'ann á ifrinn a thigeadh iad. Dh'fheoraich sinn, an la roimhe do fhior dhuine diadhaidh a bharail air an "*Earail Chomh-fhurtachaidh*" aig Maighstir Iain; agus 'se thubhairt e, gu'n robh an leabhar coslach ris an ughdair—nach robh sion ann ach ole. Gu'n robh cheart uiread do'n t-Soisgeul ann am Beinn-dorain, no ann an Cabar Feidh 'sa bha ann! agus nach robh ann ach obair Shatain a bhi 'tairgse a leithid do choimeasgadh salach, cronail, do shluagh bochd sam bith fo ainm Soisgeil a ruigeadh an cridhe.

'Nis, a Mhaighstir Iain, cha dean sgleo gnìomh. Cha ruig thusa a leas a bhi an duil ged a fhuair thu Eaglais, agus *Manse*, agus casag fhada dhubb, agus sriopain—gu'm faigh thu ruith na teadhrach am mabadh agus an caineadh dhaoinne moran ni's fearr na thu fein.—Cha ruig Iain. B'e do chiall a bhi 'n ad thosd. Tha thu ann an tigh gloine, Iain, agus cha'n e mhain gu'n bheil na gloineachan tana, ach tha na maidean-ceangail breòite. Tuigidh tu sin, agus cagainn e. Cuimhnich nach fear gun chromadh crannchuir thu: agus ma theid mise ceum ni's faisge, gu'n cuir mi'n tigh gloine agad 'na ghliongartaich mu d' chluasan.—Bheir mi'n *roof* dheth! mar theireadh am *Policeman*.

Tha anns an leabhar so, mar a thuir sinn cheana, moran bhreug. Tha cuid diubh cho seallair 's gur gann a ruigeas sinn a leas an ainmeachadh; ach tha cuid eile dhuibh air an cur sios gu seolta, cealgach—le h-earrannan do na Sgrìobtuiribh Naomha air an cur an ordugh timchioll orra, chum an leughadair a mhealladh. Bha daoine roimhe so, Iain, "a' fiarach nan Sgrìobtuirean chum an sgrìos fein;" ach, a dh'aindeoin cho suarach 'sa bha 'bharail a bha againn orsa, Iain, cha robh sinn an duil gu'm faighte thusa aig an obair sin. Bha sinne dileas gu leoir dhuit ri fad na comhstri so; agus an uair a chunnaic sin thu a' sgapadh mu'n cuairt duit "leusan-teine, saighdean, agus bas" bha truas againn ri d' chor—ghlaodh sinn 'n ad chluasan, "na dean cron ort fein, Iain: na dean cron oit fein." Bha fios againn gu maith a dh'aindeoin do chuilbheartan agus do sheolta'hd, cìod a thachradh na'm faigheadh tu ni ris an abair na Goill "*rope enough*" (ropa gu leoir). Cha robh eagal sam bith oirnn gu'n deanadh tu neart an ropa chur gu deuchainn le cudthrom do phearsa. Cha robh, cha robh,—bha sinn cinnteach bho shuidheachadh do chlaiginn nach deanadh tu a leithid sin do char sgiobalta; ach bha sinn am beachd na'm faigheadh tu an ropa gu'm figheadh tu lion mu d' thimchioll fein as nach faigheadh tu ann an cabhaig. Tha thu 'nis anns an lion, agus feuch am faigh thu as. Tha 'mhuinntir a tha gle eolach ort ag radh nach robh do cheann ro shuidhichte o cheann fada—gu'n robh an eanachainn agad beag agus bronach, air an dara taobh, agus an t-ardan mor, agus an gloir-mhiann ro fharsuing air an taobh eile—gu'n robh an obair ghluasadach, mar so, tuilleadh is mor air son a' bhothain chinn agad, Iain!! Tha thu 'nis air t-ardachadh air an "*LAIR-MHAIDE*,"—agus cìod air bith cho goirt 'sa tha thu 'faireachduinn 'san t-suidheachadh sin, cuimhnich gur h-ann a tha sinn a' buintinn riut mar ri neach a ghrad thoill na tha e 'faotainn, agus nach ann idivair son gur ministear sgìreachd thu. Ach cha'n 'eil anns an *EARAIL* so, Iain—no anns a' *MHARCAHD* a tha thu 'faotainn air a' chabar, ach toiseach do thrioblaid. Cuimhnich sin, Iain, agus cunnt an cosd.

A nis, Iain, ma tha thusa cho maith air son gul, C'arson nach do shil thu deur, air son nam ficheadan—feudaidd mi a radh nan ceudan do na Gaidheil bhochda chaidh a spuileadh d'an cuid fearainn anns an Eilein Sgiathanach, agus a bha air an toirt gu doras bais leis a' ghorta, mu'n do chuireadh a steach air bord shoithichean iad—far an do bhasaich iad 'n an dusanaibh mu'n do rainig na soithichean Australia? Chaidh cuirp nan daoine—nam ban, agus nam paisdean bochda so a thilgeadh a mach 'sa chuan, gu bhi air an slugadh le uile-bheistean na mara, agus cha robh guth agad mu'n deighinn. C'arson nach do shil do shuilean an uair sin, Iain? C'arson? Tha fios agad gu maith, Iain, cìod a thachair do mhoran

do mhuinntir an Eilein Sgiathanaich, a chaidh air bord a' *Hercules* an uiridh aig Ceann-Locha-Chille-Ciarain. Chual thu cia mar bha iad air an cur a steach anns an t-soitheach chogaidh sin, mar gu'm bith-eadh cho liuthal traill, gus an do bhris sibhrus a's breac a mach 'n am measg—agus na bhasaich moran dhiubh an Eirinn—agus gu bheil aireamh mhòr dhiubh fathast an Sasunn fo laimh luchd-leighis. Tha fios agad gu maith, Iain, gu'n robh an staid anns an robh iad air *quarantine* aig Corcuig, cianail ri smaointeachadh air. Bha staid na mhuinntir sin cho truagh 's gu'n robh cuid dhiubh a' toirt ionnsuidh air am beatha fein; agus tha fios agad gu'n do leum caileag og as a' chomhearsnachd agad fein, Iain, thar bord an t-soithich, agus gu'n do bhathadh i. Thug gille og do mhuinntir Uithist, da uair ionnsuidh air a bheatha—ag radh gu'm b'fhearr am bas na bhi 'fulang mar bha iadsan anns an t-soitheach uamhasach sin. Tha fios agad, Iain, gu'n do bhasaich moran eile a b' eol duit fein do mhuinntir an Eilein Sgiathanaich, air bord a' *Hercules*—gidheadh cha do ghul thusa an uair sin—cha do sgrìobh thu *Earrail Chomhfhurtac iaidh*, agus cha do thog thu do ghuth an aghaidh an fhoirneirt a tha 'cur na tire fas,—agus a' toirt a bhais roimh'n am air iomadh deadh Ghaidheal agus bana-ghaidheal. Bha thu balbh agus bodhar 's an uair sin; agus ged bha gul agus caoineadh anns gach dara teaghlach, bha do bhilean-sa duinte—agus do chridhe 's do shuilean cho cruaidh, thioram ri beanntaibh Ghilboa.—'S maith a tha na Sgrìobtairean ag radh "Coin balbh" ri d' leithid-se, Iain.

Bheir mi dhuibh a nis Sampull no dha do na breugan a th'anns an leabhar aig a' Mhinistear.—

(1.) Thubhairt e gu'n deachaidh tuarasdal seachduin a ghealltuinn do na caileagan m'an deachaidh iad do *Marple*.—Sin breug; oir cha deachaidh tuarasdal sam bith ainmeachadh, gus an ionnsaicheadh iad an obair gus na chuireadh iad.

(2.) Thubhairt am Ministear gu'n robh droch caradh air na caileagan ann am *Marple*, agus gu'n robh am maighstirean ro chruaidh orra.—Sin breug eile. Bha na caileagan a' faotainn an leoir bidh a's dibhe, agus a' faotainn aodaich; agus bha am maighstirean coir, caoimhneil riu, agus deonach na h-uile ni a b'urrainn iad a dheanamh air son am maith.

(3.) Thubhairt am Ministear gu'n do chum am maighstirean ag obair iad, fad mhiosan, deich uairean gach la; agus m'a dheireadh, gu'n do chuir iad air falbh dhachaigh iad gun bhonn-a-sia, ("*bawbee*," ars' esan) gu an rathad a phaidheadh. Sin breug eile. Cha robh na caileagan ag obair fad mhiosan deich uairean gach la; agus an uair a chuir am Ministear Iain Robastan g'an iarraidh dhachaigh, thug maighstirean nan caileag lon da fein agus do na caileagan, agus deich tasdan fhichead (30s.) air chul an airgid a fhuair e o'n sgìreachd, gu an cosdas rathaid a phaidheadh. Tha'm bann (*receipt*) a thug Iain seachad air son an airgid, agus air son na staid mhaith anns an robh na caileagan, againn air ar bord; agus tha sinn a' cur na breige an aodann a' Mhinistear.

(4.) Thubhairt am Ministear a ris, gu'n do bhasaich aon do na caileagan ann am *Marple*, le droch caradh.—Sin breug cho eucorach 's a b'urrainn Satan fein a dh'calbh. Bhasaich a' chaileag ann am *fabhrus*.—Bha i trì seachduinean gu tinn—bha'n leigh a' frithealadh dhith gu dileas; agus fhuair i uiread ceartais, aire, agus eiridinn, 's ged bu nighean duin' usail i. Ach bha ran an Fhreasdail suidhichte d'a taobh: dh'eug i—dh'adhlaiceadh gu h-eireachdail i, agus chuireadh a piuthar ann an deise-bhroin.

(5.) Thubhairt am Ministear gu'n d'eug dithis eile do na caileagan beagan sheachduinean an deigh dhoibh tilleadh á *Marple*; agus gur h-e an droch caradh a fhuair iad an sin a b'aobhar d'am bas. So breug eile. Thainig na caileagan air falbh á *Marple*, slàn falainn, agus an deadh ordugh. Tha Robastan ag radh, anns an litir a thug e seachad air an son m'an d'fhag iad *Marple*, gu'n robh iad a' faotainn aodaich agus an leoir bidh—agus gu'n robh iad 'n an deadh shlaute. Ged bha so uile fior, thug am ministear *ceanalta* dhachaigh iad, gu gainne a's gorta an Eilein Sgiathan-

aich, far nach robh do bhiadh aca achi faochagan a's buntata fliuch; na theagamh air uairean deoch do dhroch bhrochan bochd, na mir do dh'aran tana eorna. Chuala sinn gur h-e am fiabhrus a b' aobhar bais dhoibh; ach dheanadh frachd a's acras an Eilein Sgiathanaich e, agus mar sin, fagaidh sin a' choire aig doras a' mhinisteir a-thug o'n phailteas chum na gort iad.

(6.) Thubhairt am Ministear gu'n robh na caileagan air an cumail aig obair fad mhiosan, cosmhuil ri traillean; agus gu'n robh am maighstirean gun iochd, a' maoidheadh uile orra,—agus gu'n d'thubhairt fear aca gu'n gearradh e na cinn diubh—agus tha e rithist a' feoraich, "Ah urrainn ni sam bith a bhi ni's an-iochdmhoire—ni's ro-uamhasaiche na so!!" So breng mhor gun chiall. Bha na caileagan moran n'a b' fheart dheth na ged a bhitheadh iad 's an tigh aig ministear Shleite; agus bha am maighstirean curamach gu'm faigheadh iad ealdhain agus aire cheat. Bha iad 'g an toirt comhla riu fein do'n Eaglais gach latha Sabaid; agus bha iad a' deanamh na h-uile ni a b'urrainn dhoibh air son am maith: agus cha'n 'eil dearbhaidh ni's fearr air sin, na gu bheil na caileagan ag iarraidh a ris gu *Marple*; agus gu bheil iad a' sgrìobhadh litrichean chum nam maighstirean aig an robh iad—cha'n e 'mhain a' fairgse iad fein a dhol air an ais, ach ag radh gu'n toir iad tuilleadh chaileagan comhla riu.—Ciod a chanas am Ministear truagh ris na litrichean a leanas:—

"BROADFORD, 20th April, 1853.

Dear Sir,—I am glad to let you know that I arrived safe at home, and this place not pleasing me so well as Marple—my sister says that she will go out with me to Marple if she will get work in the house or Mill, and I will go with her, when I told my mother the place I was in *she was sorry for taking me home* you will let now in the first letter will my sister get work, my sister's age is about 18 years, be sure and address the letter to myself, Sarah M'Rae, Broadford, Scotland, N.B."

"BROADFORD, 13th May, 1853.

Mr William Wamsley.

Dear Sir,—I write you a letter, and the letter you send me Mr Mackenzie never read it to me, and now if you will send me a letter you will be so kind as to send myself, and if you would send me and Bella M'Donald A letter we were at you before this time and if you are for us to go out, we will go, my sister will wash and dress, and if you will give her waches (wages) she will go out along with us, and you will write me an anser of this letter and all be obedient, give my best respects to the Mistress, and to all the family.

I am yours Truly,

SARAH MACRAE."

To which Messrs Walsmsley replied.—

"MARPLE, 17th May, 1853.

Sarah M'Rae,—Messrs. Walsmsley are agreeable to receive Sarah M'Rae, her sister, and Isabella M'Donald; but they will not take the responsibility of bringing them back to Marple.

After a time, if they do well, they may receive a gift for good conduct to the extent of what their parents paid for their expenses to Marple, which they can remit to their parents or friends, if they think proper."

Another letter from Sarah M'Rae to Messrs. Walsmsley.—

"BROADFORD, 25th May, 1853.

Mr Walsmsly,—I send you this to let you now that I received your letter which I was very happy of, and we are ready to be of whenever you will be so kind as send us some money that will take us, and my sister was at washing and Dressing hear, and I hope she will do it there as well as hear of God will keep my health to me, Isabella M'Donald, and we all were ready for to ancer your letter long ago, and we hope you will sent us a letter for to now what time will we go you will give my best respects to Mr William and all the gentlemen.

I am yours,

SARAH M'RAE.

Thug sinn dhuibh a nis sampull do bhreugan a' Mhinisteir mu na caileagan, ach cha'n 'eil anns na dh'ainmich sinn ach fìor bheagan do na tha do bhreugan anns an leabhar aige. Tha na breugan a thionail 'sa dhealbh e an aghaidh Mhaighstir 'Ic Coinnich gu a choinneachadh an aite eile,— agus mur 'eil sinn meallta cosdaidh sin tuilleadh a's stiopain bliadhna dha. Cha ruig e leas a bhi'n duil gu leig Luchd-lagha Dhun-Eidin as e cho fad 'sa bhithreas ite ri spionadh air! Cha bhi iadsan cho socharach ris 'sa bha muinntir Chille-Chuimein.—Cha bhi idir. Bithidh fios aige air a chosd nach faigh e 'chuid bhreug a dhealbh 'sa sgaioleadh mu dhuine is fearr moran na e fein. Agus an uair a thig a' chuis gu a dearbhadh, thig cliu Mhr. 'Ic Coinnich a mach mar an t-or; ach bithidh BODACH NA LAIR-MHAIDE le 'bhus anns a' chlabar,—mar bu chleachdadh,—agus a chliu cho dubh ri sgiort a' pholoni aige.

Tha cliu nam Ministirean maith anns na h-Eaglaisean; ach ciod a their sinn mu thimchioll nam Ministirean aig nach 'eil an cliu fathast ach anns na h-*Apri-forum* (Gnìomh. xxviii. 15)!! Tha am Ministear, maith a dh'fheudta, an duil gu'n dean Morair Chlann-Domhnuill OLLA DIADHACHD (*Doctor in Divinity*) dheth, air son na Litir-thearmuinn (*Dedication*) a chuir e g'a ionnsuidh. Their na caileagan an uair sin,

“Thugaibh, thugaibh, bo! bo! bo!!!  
An Doctair Sleibhteach 's tìodal aige.”

Ah, Iain! 's maith a thuir sinn gu'n robh an gloir-mhiann agad mor. 'S ann leat, a dhuine is toigh bhi ga d' shuathadh fein ris na h-uaislibh! Ach cuimhnich, Iain, gur deargann an deargann a cheart cho cinnteach air sioda no srol Bana-mhorair a's an uair a tha i air peallag na bana-cheard! Sin agad snaoisein, Iain.

Tha Maighstir Foirbeis a' deanamh moran bosd a's na *Declarations* (na Foillseachaidhean) a tha anns an Leabhar aige; ach feuchaidh sinne dhuibh nach fiu iad creideas a thoirt doibh. Tha a' chainnt a tha am Ministear, agus a chairdean ceanalt a' cur am beul nan caileag a' brath nan ughdar! Tha fios aig daoine tuigseach gu maith, ciod e cho furasda 's a tha e 'thoirt air cloinn bhoichd, aineolach sam bith, an ainm a chur ri paipeir a chuireas ministear no nachdaran f'an comhair. Tha na caileagan fein, a nis, le bhi 'sgriobhadh gu *Murple* ag iarraidh dol air an ais gu am Maighstirean, a' toirt na breige *ceithir-fille* do na h-uile facal a chaidh a chur anns na *Declarations* ris an d' thugadh orra an ainmeannan a chur.

Tha Litrichean a's *Declarations* eile 's an Leabhar; ach 's ann a tha am Ministear, le bhi 'g an toirt air an aghaidh, cosmhuil ris a' cheard Eirionnach a bha air 'fheuchainn air son goid a' mhuilt. Mhionnaich fianuisan a' cheaird nach fac iad e 'goid a' mhuilt; agus shaoil leis a' cheard gu'm faigheadh e saor!! Ach, “*Behold*,” (mar an dubhairt na Galla-chailleachan) bha muinntir eile ann a chunnaic e 'goid a' mhuilt. 'S mar sin, chaidh binn ditidh a' cheaird a thoirt a mach. Mar sin, Ministear Shleit. Tha esan a' feuchainn gu'n dean e 'mach nach robh gorta 's an Eilein Sgiathanach, a thaobh 's gu'n d'fhuair e “*Corry*,” agus am ministear ban, 's fear na dha eile a their 'nan litrichean nach d'fhairich iadsan i!! Agus, tha e 'feuchainn ri dheanamh a mach nach robh neach do mhuintir an Eilean air an traigh a' tional maoraich air latha na Sabaid, a thaobh 's nach robh *Corry*, no'm Ministear, no'n t-Eildeir, no'n t-Osdair, no'm Muilleir an sin gu am fuicinn!!! Oh! a nis, a nis. Co chuala riamh a' leithid. Pungair! aig a' leithid so do dh'argumaid? Nach e so dìreach am fireanachadh a bha aig a' cheard Eirionnach mu ghoid a' mhuilt? Ach stad thusa—tha againne fichead fianuis a mhionnaicheas gu'n robh iad *fein* an am measgsan a bha 'tional fhaochag a's choilleag air an traigh air la na Sabaid; agus gu'n do thionail agus gu'n d'ith iad *fein* iad air an latha sin. Bheir sin ainmeannan cuid dhuibh ann an leth-bhreac an Leabhrain so, a tha sinn gus a chur a mach am Beurla, cho luath agus is urrainn sinn fhaotainn troi'n chlo. A nis, ciod a their a' Chleir ris a' so? Cuiridh iad ubhladh ort, Iain, air

son thu bhi 'sgriobhadh a' leithid do bhoilich! Ni iad ort mar bha Ministear an t-Srath agus Catriona 'dol a dheanamh air a' Cheannaiche-loin—bheir iad thairis do'n *luchd-peanis* thu—do na *tormentors*.—(See *Reformers' Gazette of 23 July, 1853.*)

Rinn sinn, a nis, smurach do d' Leabhar, agus tha sinn an dochas gu'n dean an *Earail* fhalaínn, dhileas so feum dhuit am fad agus is beo thu.

Ach, Iain, ciod a rinn thu rianh air son nan Gaidheal? C'ait an robh thu fad na seachd bliadhna bha gort a's gainne a' fasachadh na Gaidhealtachd, 's a' toirt nan Gaidheal bochda gu dorsa bais? C'ait an robh thu 'nuair a bha *Treasurer Wemyss* agus an *Scotsman* an Dun-Eidiu, agus an *Quarterly* an Lunnainn 'g an caincadh, 's 'g am mabadh, agus ag radh nach robh annta ach leisgeinean mi-geach, suarach? C'ait an robh do theanga 's do pheann-sa an uair a bha ministearan a's daoine iochdmhor eile a' tagradh as leth nan creitairan bochda bha 'dol bas leis a' ghorta? C'ait an robh thu an uair a bha'n t-Urramach Maighstir Mac Mhartain, ministear sgireachd Shnisoirt a' tagradh gu treun cuis nan Sgiathanach bochda? C'ait an robh thu an uair a bha esan a' 'sgriobhadh g'ar n-ionnsuidh, "gu'n robh e cho cinnteach 's a bha e beo, mar b'e an cuideachadh a chuir sinn gu minntir an Eilein Sgiathanaich gu'm biodh na ceudan diubh marbh leis a' ghorta?" C'ait an robh thu an uair a bha 'n t-Urramach Maighstir Mac Ibheir, ministear eile tha am fagus duit, a' tagradh cuis nan Gaidheal a bha 'fulang? C'ait an robh thu an uair bha 'n t-Olla Leodach 's a' Mhorbheinn—an t-Urramach Maighstir Ros an Tobar-Mhoire, an t-Urramach Maighstir Mac-a-Chleirich an Cille-mbaillidh, agus iomadh Ministear ainmeil eile do Eaglais na h-Alba a' tagradh cuis nan Gaidheal? C'ait? Nach tu fein agus Bodach Chille-bhrìde an aon dithis a bha balbh an uair sin 's an Eilein Sgiathanach? C'ait an robh do dhuinealas 's do ghradh-dutheca an uair a bha amhghar na gorta 's na geur-leanmhuinn a' sarachadh spioraid nan Gaidheal? C'ait? Nach robh thu, an dara cuid, coslach ris an t-seilcheig, a' cur do chuirp bhochd fo dhion, no a' falbh a' sgimilearachd as deigh gach *patroin* aig an robh *presentation* r'a thoirt seachad; agus mur robh thu a' deanamh sin, nach robh thu, mar a thubhairt Rob Donn mu dheighinn leisgean suarach roimhe so:—

*"Le d' shaittean ri d' thoin  
A's do shron anns a' ghriosaich;  
'Scha chualas a rianh uait  
Ach iorghuill a's caoidh."*

Ach their thu 'nis gu'm bheil thu 'n ad dhuine mor! Gu'n do sgriobh thu Leabhar! agus gu'n do tharruing thu do dhealbh fein ann mar gu'm bu tu 'mharbh Cuchulain. Ach, Iain, chuala mise mu dheighinn droll bochd do Dhealbhadair roimhe so, a tharruing a dhealbh fein, le 'bhocsa snaoisein 'na dhorn, 's a chas air ceann leoghainn. Dh'fheoraich e do'n leoghann, Ciod e a bharail air an Dealbh? Ars' an leoghann, "Bha taing mhaith agad ann a bhi 'g ad tharruing fein—ach 's ann mar so bu choir dhomb-sa bhi anns an Dealbh"—'s e 'breith air an Dealbhadair through 's a' bualadh a chaib anns an talamh, agus a' cur a spoig air 'amhaich!! Sin agadsa, Iain, mar a dh'eireas dhuitse. Cha bu choir dhuit dol a bheantuinn ri muinntir a tha ro laidir air do shon. Cuiridh leoghann a' Cheartais do chab anns an duslach, agus a spog air t'amhaich.

Ach gabh misneach, Iain: ged a tha thu fo spoig an leoghainn, tha nadur uasal aige—leigidh e as thu cho luath 'sa ghabhas tu aithreachas air son do chionta: agus, cuimhnich, ged bhios e air uairean feargach an uair a bhios apachan a's beisdean bradach eile a' beantuinn ris, gun aobhar,—agus ged a ghabhas e air an dara beisd leis a' bheisd eile, cha dean e am pronnadh gu buileach; ach bheir e dìreach peanas doibh a reir an toilleanais. Stad thusa, Iain, togar an aird fathast thu. Cha leig na Gaidheil le duine do cheille 's do dhrenchd-sa bhi 'na luidhe anns an duslach. Cha leig iad leis an duine bheir dhoibh an stuth a "*ruigcas an cridhe*," a bhi 'na shuidhe ni's

faide 's an luathre! Togaidh iad air an guailnibh sibh, a Mhaighstir Iain—Oh togaidh; agus an sin gheibh na Gaidheil sealladh ceart air suidh-eachadh 'ur pearsa, 's air dreach 'ur *poloni*. Ach Iain, cha chum mi ni's faide sibh—tha na gillean a' tighinn leis a' chabar, 's tha Murchadh ag radh gu'm faigh sibh togail a thiotadh. Cumaibh suas 'ur cridhe, Iain; tha an cabar subailte, 's tha na gillean laidir.

Fagaidh mise nis air an LAIR-MHAIDE sibh car tamuill, agus a thaobh 's gu'm bheil Murchadh 's na gillean eile deonach air beagan comhraidh a bhi aca ruibh m'an *Ghramar Dhubailt* agaibh, beannachd leibh an drasd, gus an coinnich sinn a rithist.

DOMHNUL ROS.

GLASCHO, an 9mh la do'n 8mh mios, 1853.

*Comhradh eadar Coinneach Mac Shuinn, Murchadh Gre, Eobhan Mor, 's am Ministear, (d'an ath-ainm am Pungar,) mu'n Ghramar Dhubailt: air a sgrìobhadh do reir lathailt Ghramarail a' Phungair fein.*

*Coinneach.* Saoil mi co e 'n giobarlach mor fada glas so a tha slaodadh a bbalg-solar leis an aird ris a bhruthaich?

*Mur.* Ma ha cha'n eil fhiosd a'am hin, mur marsant-pac dhe h'ann, no giulla duin uasl, cha duin uasal hein a h'ann.

*Coinn.* M'as e cha'n eil e ach slaodach, a dhuin; stadus sinn ach am faic sinn co e, gun fhios nach faigh mi locar-craois ri cheannach aig.

*Mur.* 'S diach cha chreid mi nach e'm Pungar h'ann, an sgoilar anmal a bha sna paparan nuaidheachd gach seachdain bho chionn bliadhn.

*Coinn.* Saoil thu 'ne?

*Mur.* Ach ma tha chlisnich air thallu 'se hein tha sinean, le phoca-brat 's le ghramaran Dubailt.

*Coinn.* Camar tha thu ga ainachduinn?

*Mur.* Naile tha, nabi, air fad a chasan, agus air fiamhiachad a pholoni ghlaoidh is cogull dha.

*Coinn.* Saoil am bu diu leis hein triall 'na chaidsear mar sinean a reic a chuid leothraichean feadh gach fod?

*Mur.* 'Ne eiscan? 's ann leis bu diu; tha e eolach air a chiuid; dh'iach e roimhe i. Dar bha mis fuireach an uraidh 'sa Bhorlom bhiodh iad ag inns ioma nuaidheachd ceolar dhombh uime, mu na poitean, mu dhrogaichean, agus mu shearmaidean. Agus chuala mi'n de aig giulla dhe mhuintir Drim-nadro'it gu'n robh e shios rathad Strathfeothar air a mhios so chaidh, agus soire lan dhe na ghramar dhubailt aig air a chnataich, 's na caochanan fal-lais a ruith 'na shuilean 's mu chilean le tias na site, 's le cudthrom a chnapsaic.

*Coinn.* Saoil thu an do dhealaich e ri cus dhiu?

*Mur.* 'S diach thuir an giulla rium gu'n duirt am Pungar hein risean gu'n robh e 'gan cur uaithe gu brig.

*Coinn.* Is cruaidh orm sin a chreidsinn, ma thachair e air daoine do'm b'aine breth thoir air 'oibir, ach cha'n eil iad ach tearc mu thuath o'n chaochail Docter Ros beatha; leogh mi hin 's Eobhan Mor an te chuir Siamus Sutar gu Seorus, agus mur bithag cuideachadh na Beurla cha tuigeag sinn gu seachd siorruidh an ciadu cuid dhe'n dom ghailic th'innt.

*Mur.* Theid sinn bhrithinn ris; bu mhaith an airidh caob a thoir as; 's diach 's ann tha'm buchd 'sa phoca charpat tha e draghag ri sheangas; tha e cur lub air a bhodhaig, mar ni oiteag air crew sheilich, gach tra dh'ath-arracheas e bhàiosa bho lamb gu lamb. Tha mi toir aire gu'n do shuidh e sidean tu'n rothaid.

*Coinn.* Naile 's e an sgoilar mor th'ann chean ; seall thu e leoghag te dhe na leothraichean ; 's geal leis an fhiach isean hein.

*Mur.* Faight oiri dhuin, tha si leigeag nur sgios ?

*Pungar.* Tha chean.

*Coinn.* Tha bhruithich so cas, 's cha'n eil i farast a dìreag, agus tha'n eallach ai's trom—am beil si creic rasaran ?

*Pung.* Cha'n eil sugh ach leothraichean a'am, a dhuin.

*Mur.* De'n seort dhiu th'agai ?

*Pung.* 'S e gramaraun a th'agamsa a dh'ionnsachadh alt labhairt, leughaidh, agus sgrìobhaidh na "chainnt Bheurla no Ghailig" gu ceart, dhutsa, agus do na h-uil eil aig nach eil eolas air alt gramaraill.

*Coinn.* Co i "chainnt Bheurla 's Ghailig ?"

*Pung.* Nach eil "the English and Gaelic language."

*Coinn.* Chual mi iomradh air a' 'Bheurla' 's air a' 'Ghailig,' air a' 'Ghreigis,' air an "Laidin," 's air an "Eabhra;" ach gus a so, cha chual mi riamh a' 'chainnt Bheurla,' no Ghailig; ach is tric a chuala mi a' 'chainnt Ghaelach' s'a' 'chainnt Bheurlach.' An abradh tu chainnt Fhraingis no Ghreigis ?

*Pung.* Theirig, a reir mo lathailt ghramarailsa.

*Coinn.* An aite bhi gabhail ort feadhainn eile theagasg, ma ha, tha e soilleir gu'm feumadh tu hein teagasg air a phung so.

*Mur.* Mo rìghe mor bha fhiosd a'am hìn roimhe so, gu'n robh "alt" aig miar, aig cas, is aig lamh, ach cha d'robh fhiosd a'am gus siòthin gu'n d'robh alt aig labhairt, no gu'm biog labhairt a tionndan air alt idir. An si hein a rinn an leothar ?

*Pung.* Is mi, a h-uil "ciallart" is "seollart" dh'i.

*Mur.* 'S diach 's ann agai bha'n ceann mus do shniomh si an eaidh mhor so as! cha saoil mi gu'n d'robh mu thuath an tu so a'in aouan eil riamh a rinn a leithid dhe ghnìomh.

*Coinn.* Gu seadh, a Mhurchaidh, is suarrach an tac ri so an t-saothair a rinn a ministear Stiuardach a bha an Ionarfeotharan; cha row aigeas ach beurla chruaidh shasunnach nach tuigeag Gael.

*Pung.* Haic si cha d'rinn an duin sin ach a Ghaelig ionnsachduinn as a Phìobal, 's cha d'robh i math aig, ach bha i a'ams bho rugag mi, agus shiubhail mi Alab air fad ga h-ionnsachdainn gu coiliant gus nach eil coimpir agam. Tha teisteanasan a'am bho na sgoilaran is aird an Alab nach deach riamh roimh oibir chur mach air "lathailt" na h-oibir so, agus gu'n d'thug i a chliu bho na h-uil duin a sgrìobh strac Gaelig air thoiseachd orum; nach ceannaich si té an fear dhe na ghramar ? Faolamus i dhui "Brighardan" agus "Rialtan" labhairt na Beurla 's na Gaelig a ta air an cur sios innte tu ri tu gu brìsg, ordail, soilleir, iomlan anns an da chainnt: gheibh sibh innt "eolas teagaisg gramair, fuaimragan, connragan, rialtan gu cubadh, seorsachadh fhocalan, Ainmear, Buadhar, Clisgear, Dagar, Eagar, Freagar, Glogar, Ioladair, Liugar, Martar, Naisgear, Osdair, Pocuair, Pungar, Poitear, Pairtear, Ragair, Slaodair, Slaughtear, Slimear, Traughtear, Tiolpair, Ughdair."

*Coinn.* Tha'n t-anm mu dheireadh gle fhreagarrach, ge b'e air bith mar tha ainman nan daoìn eil tha 's an rol.

*Pung.* Cha'n e ainman daoìn tha ann, ach "teirmean caochla seortan fhacalan."

*Coinn.* Nach e Ainmear fear a bhios ag ainmeachadh ? Buadhar fear a bhios a fagheil buaidh ? Pungar fear a bhios a deanamh pungan ?

*Mur.* Diach 's e, Choinnich, agus Tiolpair, fear a bhios slaodag leis cuid daoìn eil. Ach seall thu Eobhan Mor a tighinn: cuireas eis leat, a Choinnich.

*Pung.* Co e sin Eobhan Mor ?

*Coinn.* Tha fear dhe mhuinntir Shuainart tha na Easpuig air a rothad mhor an seothin.

*Pung.* Spig air an rad mhor! cha'n eil mi ga do thuigsinn, a dhuin.

*Mur.* 'S diach tha e'n glac a'ad nist, a Choinnich, cum an sas e, chi thu nach eil e ann na sgoilar gailik cho mor 's a tha e leigeil air.

*Coinn.* 'S e Easpig *superintendent*, bho *super*, osein, agus *intendo*, tha mi seolltuinn stigh.

*Pung.* Cha d'robh mi smuainachdinn gu'n d'row Laidin agad, a dhuin.

*Coinn.* 'S ann agam tha dhuin,—*Pretendo*, Tha mi gowail orm, *me composuisse Grammatica*, gur mi hin a rinn an Gramar, *duplex*, dubailt.

*Mur.* Moire cha do chail thus air bhi do ghille-sagairt, a Choinnich.

*Pung.* Am bheil Laidin agad-sa fos?

*Mur.* Mo righe tha 's Fraincis, is beagan dhe na "chainnt Bheurla,"—parly voo Francy, a bhall urramaich? honey's sweet quo' Mally Spense—nemo me impune lacessit,—eadh. "Olc air fear an uile;" agus ma shuidheas toin ruist air cluaran stobas e i.

*Pung.* Gheo si Laidin is Fraingis an deireag na leothrach,—so ceannachaidh aon.

*Mur.* Gu de tha i cost?

*Pung.* Ceithir tastan.

*Coinn.* Leogh mis te ac mar tha, cha'n eil feum a'am dhi.

*Mur.* Eigheas mi air Eobhan, ach an gow eis aon uai Mhaistir Pungar. Troidhidh Mhaistir Eobhan an siotlin.

*Eobhan.* De so, illean, an ann a' ceannach leabhraichean a tha sibh?

*Mur.* Cha do cheannaich sinn aonan haistich, ach an cluinnag sinn de chliu bheirag si hein dhuinn oirr.

*Pung.* Nach fhac si chliu bh'oirr 's na paparan naigheachd "le ardsgoilair?"

*Coinn.* Nach si hein an *t-ard sgoilar* chur ann e?

*Pung.* Co thuirt riut sinean?

*Coinn.* Thuirt aon aig a d' row fios air; nach fac mi cloinn an *editeir* lei 'sa Chill?

*Eobh.* An e so an duine a chuir a mach an "Gramar Dubailte?"

*Pung.* Is mi chean a dhuin.

*Eobh.* Am bheil e gabhail reic?

*Mur.* Diach mur eil, cha ne dith coitich air is coireach, theid mi'n rathan; 's ann dhe na h-Antruisanists am Pungar, a lathair!

*Eobh.* Dh'fheumadh e choiteach, cha'n fhuasad an lon e ri shlugadh ged a ghabhas e cagnadh.

*Pung.* Nach ceannaich thu aon Ìiu; bha chostis trom mus do chuir mi i troimh'n chlo, agus is coir do na h-uil duin ann an bheil spiorad Gael cuid-eachadh lium gus a chostais a' pheag.

*Eobh.* Cha'n aidich mi ri sin, chionn cha do thoill thu cuideachadh; cha diol airidh do leithid, a ghowas cuid 's a phronnas cab nan creanach: ach tha fear agamsa cheana dhiubh, agus air m'fhirinn gur leor sin fhein lium.

*Pung.* Agus gu de do bhailair oirr, ma ha?

*Eobh.* Ma ta innsidh mi sin dhut gu saor. Tha do Ghaelic robach lan mhearachd.

*Coinn.* Tha i lan dhe mhearachd an, dhe dhroch thionndanan, agus dhe bhrochluinn nach tuig daoine no cloinn, air chor 's nach seall duin faolunt iunt ach aon uair, gu'm bi an duin' aineolach cho aineolach an deis a leogh-ag 'sa bha e mu'n d'rinn e thim a mhi-chaitheadh ag iarraidh an ni nach eil innte—fiosrachag ur mu Ghaelic no mu Bheurla.

*Mur.* Niatal mor a chramadh mo dhrinne mur eil porsan dhe Ghaelic iunt nach tuigeadh Iain Mac Codrom no Ruairi Dall, gun luaidh idir air Oisean, ceann-stuic nam Ball Urramach!

*Eobh.* Cha'n eil 's a leothar, a Mhurchaidh, ach Gaelic riatach, mar their thus, sliochd collaidh, a ghineadh eadar an *gramadair* agus a Bheurla ann an cruidse anuinn an tigh-sgoile; na tha do Bheurl ann tha fios againn co d'am buin e.

*Pung.* Am bheil thu am balar gur e a shlaid a rinn mi?

*Eobh.* Is luaineach a' chlogais chiontach;—n'e'n leabhar, na na th'ann a tha thu 'gradhinn?

*Pung.* Na th'ann.

*Eobh.* Ma ta tha mi fiosrach gu'n d'thug thu sop dheth as gach seid, agus á raon no dha gu'n do sguab thu leat am barr iomlan :—

*Spuill thu 'n Rothach gu buileach*  
*'S thug thu 'n corr o Mhac Cullaich,—*

Sin na rinn thu, mar tha fhios aig do chogais. Beannachd leat.

*Pung.* Stad, a dhuin, tha a'ams teastanasan bho na Sgoilearan is s'iarr an Alab, 's an Sassuinn gur mi gramadair is siarr beo an diugh 's an da chainnt.

*Eobh.* Seadh gu dearbh, chunna sinn roimhe iad sinn tric gu leor am Beurla, 's anns a Ghaelic riataich. Ach is beag is fbiach teisteannais nach bi fior; agus tha d'obair-se air dearbhadh do'n t-saoghal, an dara cuid nach bu deagh sgoilearan Gaelic na teisteannaich, no nach do lèigh iad idir do chuid phaipearan mu'n deach an clo-bhualadh.

*Pung.* Leogh iad.

*Eobh.* Ma lèigh 's e sin cuis is miosa dheth; ach tha 'n triubhas coltach ris an toin, agus is math gu'm foghain an gobhainn do Mhairi.

*Pung.* Bu choir dhut do chainnt a thaghag ni b'iarr, ann bhi brithinn ri duin uasl: seall ann mo ghramar aig tu 333, agus bheir e dhut seolaidhean gu coradh ri pearsaibh anns gach inbhe agus oifig.

*Eobh.* Ma ta b'e sin ionnsachadh na caileich air a bramannan thusa bhi 'g iarraidh ormsa mo chainnt a thaghadh agus an ro-fheum a th'agad fein air do chubadh ochd bliadhna eile oiseionn na h-anuinne dh'fhiach an ionnsaich thu Gaelic phongail a sgrìobhadh no labhairt: oir fathast,

*Na ni thu phlabartaich chomhraidh*  
*Cha bheo na thuigeas do Ghaelic.*

*Mur.* 'S diach tha mi faicinn nach cum na *sertificates* air flot si, Mhr Pungar.

*Pung.* Tha thus truailleag na "cainnt Ghailic le Beurla" dhuin.

*Coinn.* Ma ha, 's ioma leasan air sin tha 'sa Ghramar Dhubailt. Chi mi not ann, is *bhuil*, is *ing*, *ledi*, *escuire*, *shit*, *professar*, *raim*, agus cus eile.

*Eobh.* So, biomaid a falbh, ciod am maith a bhi bruidhin ri buraidh dan-arra,—ruaimleach gun colas, gun aithne aige fhein air na riaghailtean a dheibh daoine eile, gad a spoil e as an cuid leabhraichean iad. Na'm b' aithne dha an cleachdadh bu rudeigin e; ach cha 'n aithne.—Thoir ort, thu fhein 's do phoca truailleamais! So tuigainnibh, 'illean.

*Coinn.* Tha 'n damhair ann a dhuin, a lathair.

*Mur.* 'S diach tha chean, a dhuin; slan lei, Bhall Urramaich. 'S iarr dhui' nur toin a thiondan ris an aird a deis; 's da lium shin gu'n do thrial si fada na's leor suas an tu-sa.

*Pung.* (a' togail a bhalg achduin air a dhroll) Omh! omh! Clisgear.

*Chuir "FIOR CHARAID" Gaidhealach na rannan a leanas do'r n-ionnsuidh; agus cha mheasamaid gu'n robh sinn a' toirt ceartais dha fein, n'is mo na do Bhodach na Lair-mhaide, mur tugamaid aite dhoibh.*

AMHAIRC thusa mar dh'eirich,  
Do mhinistear Shleite;  
'Ga phianadh 's 'ga leireadh,  
Air son beolum a's breugan;  
'S e mar shagart air eideadh,  
Gun chomas labhairt na eigheach;  
'S e glan thachdte gun eifeachd r'a bheo. 'S gheibh thu leirsinn air t'amaideachd gho.

O'n a chaidh thu gu mareachd,  
Air droll na "Lair-mhaide";  
Feuch gu'n ruig thusa Marple,  
'S gheibh thu mach do chainnt shalach,  
A ni breugaire bladach,  
Dhiot fein mu na cailean;  
'S gheibh thu leirsinn air t'amaideachd gho.

'S e glan thachdte, &c.

Tha do lair sa gun diollaid,  
 Mar do Ghaelic gun f'birinn;  
 'S bidh do chail sa ro-sgith dhith;  
 Mu'm paidh thus' an iobairt,\*  
 A ghradhaidh do chri-sa  
 Bhi ghnath'chadh's an tir sin,  
 A' lot chairdean a's dhilsean le d' thoehd.

Tha marcachd shion as an talamh,  
 O a h-innean ri farum;  
 Leis na sinnteagan fada,  
 'S spuirean rioghailan t-sagairt,  
 'Deanamh riochaidh's a'chabar;  
 'S gheibh e dioladh 'na labhairt,  
 O'n is firinn a shaltair a spog

Rug an Tailleir na h-uibhean,  
 'S thug e 'Phadruig g' an gur iad;  
 'S cha bu chas na'm bu thunnag,  
 Bheireadh rac anns a' bhudhairt;  
 Mar shaoil ba Chille-chuimhin,  
 A rinn "Gramair" na gl'gail,  
 'Sam bheil Gaelic gun chuma,gun doigh.

'Nuair a thoisich Iain Foirbeis,  
 Le a sgallachain dhorchais;  
 Ri ard rocail 'san t-soirbheis:  
 R'oillteil'ceolraidh na gorceail,  
 'Cur an t-sloigh ann an ongaid,  
 'S g' an treorach' gu monmhor,  
 Ri Bith-bheo 'thug air falbh na tri oigh'n.

Tha mi 'creidsinn gun guil iad;  
 'S iad na Gaidheil, mu'n cuideachd,  
 Daoine 's blaithe 's a' chruitheachd:  
 Tha iad baigheil a's duineil;  
 Lan graidh agus furain—  
 Seach aon al feadh na cruinne:  
 Thug iad barr air gach duine 'san f'heoil.

'Reir a' bhroin a tha 'd' leabhar,  
 Cha 'n 'eil solas na cobhair,  
 Do na leon 's do na g'hon iad—  
 O 'n 'se sgleo agus mothar,  
 'Chuir an t-olach gun toinise,  
 Thun an t-sloigh feadh an domhain,  
 A bu choir a bhi loisgte 'na cheo.

Chuir thu ainmeannan chailleag,  
 Ri dubh chainnt nach do labhair  
 Aon aca-san fhathast:  
 Ni's mo na rinn gealach,  
 A bha cian anns an adhar:  
 Oir do aon diubh, cha b'aithne  
 Doghrod-sheanachasa chantainn le'm beoil

C'arson nach deach' thu do Mharple,  
 'Nuair a phaidhte dhuit t-fharadh;  
 Na do aon eil' a rachadh,  
 'Dh'fhaicinn caradh nan caileag,  
 'Nuair a bha iad an Sasunn;  
 Ma bha gradh ann a t'anam,  
 'Dheanadh baigh ris an ainnis fo leon?

\* Breugan

B'fhearr leat breugan dubh salach,  
 'Chuireadh eubaineann peallach:  
 Dhuit r'a cheil' ann an Glascho,  
 'Reic air eu-ceart an anam:  
 S leis an eibhinn sgeul fala:  
 Diola-deiree 'g an aithne,  
 Gur h-i 'n eu-ceart a labhair am beoil.

Nach lionmhor teaghlach a's duine,  
 Bha gu daonnachdail duineil,  
 Bh' air an sgaoileadh gu buileach;  
 Feadh an t-saoghail air udal,  
 'S cha do chaoin thu le mulad;  
 Cha do ghlaodh 's cha do ghuil thu:  
 Rinn thu daonnan mar struth air a h-eoin.

Chuireadh ceudan an uraidh,  
 Mar bhiodh eucoraich f'huileach'  
 O an ceud aite fuirich;  
 S cha do leugh mi mu d' thuireadh:  
 'Bha do reusan fo dhubhar—  
 Cha bu leir dhuit na dh'fhuiling,  
 Iad o bheisdean a shluig an deadh-choir.

B'fhearr leat peata 'nan aite,  
 Co fhad 's a chumadh an Stata,  
 Riut uile do phaidheadh—  
 Bheireadh tusa lan fhailte,  
 Bhi cur as do na Gaidheil;  
 'S cuiridh tighearn' an fhasaich,  
 Caora thugad 'ni cairdeas r'a dhoigh.

Shliog thu Morair Chlann-Domhnuill,  
 Gu h-ioganach seolta;  
 'S chuir thu sios ann am boilich,  
 Na fineagan trocair,  
 A shin e do chomhlain,  
 Le spiocaireachd bhronach,  
 A bhiodh dileas d'a sheorsa r' am beo.

Tha thu buadhach air sodal,  
 Feadh uaislean na bochduinn,  
 A tha cruaidh-chridheach mosach;  
 'S mar mhart truagh air an togail,  
 Gun bhuaile, gun fhodar;  
 'S e do bhuannachd an cobhar: [phrois.  
 Chreis thu suas le d' ghrod-bhlonaig dubh.

Na 'n seasadh tusa 's do chuideachd,  
 'N aghaidh ghrinneacha fuileach;  
 A shluig sios 'nan dubh-shlugan,  
 Na mioldair 's na mullaich;  
 Measg nan striopach an Lunnainn;  
 'Cha bhiodh ni ann an uileir,  
 Air nionaig na duine do 'n t-sloigh.

Ach bidh tus' ann a'd' ghreannan;  
 Casa-gobhlach air cabar;  
 'S cha 'n 'eil creutair d' an aithu' thu  
 Nach toir beum dhuit le fanaid;  
 'S tus' air eiridh 'an crannaig  
 Fhada, ricidh, 'ni do chrannadh;  
 Gus nach leir dhuit an talamh roi'n cheo.

FIOR CHARRAID:







